

5 Mart 2024

A phàrant/neach-cùraim chòir

San t-Samhain 2023, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Acadamaidh Pheairt . Rè an turais againn, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth còmhla ris a' cheannard-sgoile agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile. Tha iad a' buntainn don dà chuid foghlam na Gàidhlig agus na Beurla.

- Rè àm atharrachaidh nach beag, tha an ceannard-sgoile air lèirsinn shoilleir a stèidheachadh fa chomhair leasachaidh. Tha i a' sìor-chumail fios ri com-pàirtichean a thaobh leasachaidh san sgoil agus a' toirt taic agus dùbhlann do choimhearsnachd na sgoile airson rùintean agus miann-adhartais a mheudachadh.
- Tha daoine òga fàilteach, modhail. Tha a' mhòr-chuid a' nochdadh beachd fàbharach mun sgoil agus a' cur luach nan cuid ionnsachaidh.
- Tha daoine òga a' deasachadh sgilean cudromach le bhith a' gabhail an-sàs ann an raon farsaing de ghnìomhachdan a-muigh air a' chlas.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard-sgoile agus le riochdaire bho Chomhairle Pheairt is Cheann Rois.

- Bu chòir don ùghdarras ionadail leantainn orra ag obair còmhla ris a' cheannard gus stiùireadh na sgoile a chumail air bhunailt agus tuilleadh taic a chumail ri leasachadh na sgoile. Bu chòir do na prìomh chom-pàirtichean uile, nam measg seo luchd-ionnsachaidh, conaltradh nas èifeachdaiche a dhèanamh airson a bhith ag aontachadh nam prìomhachasan leasachaidh.
- Feumaidh luchd-obrach càileachd ionnsachaidh is teagaisg a leasachadh air feadh na sgoile. Bu chòir dhaibh gnìomhan is gnìomhachdan nas brosnachaile, buntainnich a phlanadh agus an ìre duilgheadais dhòigheil a shuidheachadh do dhaoine òga.
- Bu chòir do àrd-cheannardan is luchd-obrach lèirmheas a dhèanamh air dòighean leasachadh sunnd, buileachaidh agus coileanaidh gus an tèid aig a h-uile neach òg an comas a thoirt gu bàrr agus soirbheachadh. Bu chòir do na com-pàirtichean uile cuideachadh le sunnd coimhearsnachd na sgoile gu lèir a leasachadh.
- Bu chòir don ùghdarras ionadail taic a chumail ri luchd-obrach fhad 's a tha iad a' leasachadh Gàidhlig agus a' cur an gnìomh an lèirsinn airson atharrachaidh. Bu chòir brosnachadh a thoirt do dhaoine òga Foghlam Meadhan Gàidhlig a dhèanamh bhon bhun-sgoil don àrd-sgoil agus tron ìre as àirde gus teisteanasan fhaighinn. Bu chòir don luchd-obrach air feadh na sgoile am pàirt-san a ghabhail airson beachd fàbharach don Ghàidhlig a bhrosnaicheas ceartas is co-ionannachd a leasachadh.

Chruinnich sinn fianais gus am b' urrainn dhuinn obair na sgoile a luachadh a-rèir ceithir comharran càileachd à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an 4^{mh} eagra\)](#). Tha comharran càileachd a' cuideachadh le sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh breithneachadh air na tha ag obrachadh gu math agus na tha feumach air leasachadh. An dèidh sgrùdadh a dhèanamh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh mar luachaidhean gus sùil a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean Albannach.

Seo luachaidhean Foghlam Alba airson Acadamaidh Pheairt

Comharran càileachd	Luachadh
Stiùireadh atharrachaidh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	lag
A' cinnteachadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhail	lag
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail

Gheibhear tuairisgeulan de na luachaidhean bho:
[Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an 4^{mh} eagra\)](#), Pàipear-taic 3: [An sgèile sia puing](#)

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, air a bheil Geàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF) ri faighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Sgrùdadh agus Lèirmheas | Foghlam Alba](#)

Dè a thachras an uair sin?

Ri linn toraidhean ar sgrùdaidh, tha sinn am beachd gu bheil an sgoil feumach air taic a bharrachd agus tuilleadh ùine airson na leasachaidhean riatanach a dhèanamh. Nì sinn ceangal ri Comhairle Pheairt is Cheann Rois a thaobh comas na sgoile air leasachadh a dhèanamh. Tillidh sinn gus sgrùdadh eile a dhèanamh air an sgoil taobh a-staigh 12 mhìos bho fhoillseachadh na litreach seo. Beachdaichidh sinn còmhla ri Comhairle Pheairt is Cheann Rois air mion-phuingean an sgrùdaidh seo. Nuair a thilleas sinn a sgrùdadh na sgoile, cuiridh sinn fios thugaibh mar phàrantan/luchd-cùraim mun adhartas a rinn an sgoil.

Dàibhidh Drysdale
Neach-sgrùdaidh an Rìgh